

X229/13/01

TEISTEANAIS DIMÀIRT, 26 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.00 PM – 4.00 PM
2015

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE ADHARTACH
Roinn (i): Sgrìobhadh
Roinn (ii): Sgrùdadh
Roinn (iii): Litreachas
Roinn (iv): Eadar-theangachadh

NATIONAL TUESDAY, 26 MAY
QUALIFICATIONS 1.00 PM – 4.00 PM
2015

GÀIDHLIG
ADVANCED HIGHER
Part (i): Writing
Part (ii): Practical Criticism
Part (iii): Literature
Part (iv): Translation

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean anns a' phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinnean a fhreagairt. Feumaidh tu leabhraan freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhraing gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Roinn (i): Sgrìobhadh

**Ùine: 55 mionaid
(moladh)**

Comharraidhean

Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.

1. Teaghlach. (50)
2. Beò an dòchas. (50)
3. “Tha dìon na h-àrainneachd air a dhol ro fhada.” (50)
4. Buaidh nam meadhanan sòisealta. (50)
5. “Tha còir aig daoine a bhith bruidhinn ri chèile barrachd.” (50)
6. Theab . . . (50)
7. Miann an airgid. (50)
8. An Roinn Eòrpa. (50)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd

Earrann 1—Rosg

Leugh an earrann seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.

5 Cha bhreugnaichear an seanfhacal is gu dearbha cha bhreugnaichear am fear a tha 'g ràdh gur iomadh nì a chailleas fear na h-imrich. Fhad 's a bha mise thall ann an Canada bha mòran air tachairt agus bha tòrr agam ri ionnsachadh nuair a thill mi mu na h-iomairtean gus adhartas a thoirt air cor na Gàidhlig. Bha sradagan beaga air teintean mòra a bheothachadh.

10 Bha an t-adhartas a bu mhotha air tighinn air craoladh Gàidhlig. Bha e àraid gur ann o riaghaltas Magaidh Thatcher a thàinig am brosnachadh a thug cothrom na còrach don Ghàidhlig ann an craoladh. Thachair seo nuair a chaidh buidheann ùr, an GTC, a stèidheachadh ann an 1990, le maoin on riaghaltas son dà cheud uair a thìde de phrògraman telebhisein a chraoladh. Bha e àraid cuideachd, nuair a fhuair an riaghaltas Làborach cumhachd ann an 1997, gun do chùm iad an sporan na bu dùinte na bha am beul. Bha cuid aca ann an àrd-dhreuchdan a' leigeil orra gu robh iad taiceil agus bha sinn gan creidsinn gus an do dh'fhàs e follaiseach gu robh seanfhacal eile fìor mun deidhinn-san: 'Tha cuid brèagha aig an fhèill, ach mosach nan taigh fhèin'.
15 Neo-ar-thaing òraidean brèagha aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach, 's e rud eile dòrlach airgid a thoirt às do sporan.

20 Am measg an adhartais ann an craoladh Gàidhlig aig an àm seo bha na cothroman a fhuair buidhnean telebhisein neo-eisimeileach air prògraman a chruthachadh. Aig amannan cha robh an fharpais cho fallain 's a dh'fhaodadh i bhith, ge-tà: nuair a thòisich na companaidhean mòra telebhisein a' sireadh an cuid fhèin às a' chiste, bha e doirbh dha na buidhnean beaga strì riutha.

Ach tha craoladh ann am boglach phoilitigeach, mar a tha iomadh iomairt eile.

Stèidhte air earrann on leabhar Steall à Iomadh Lòn le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain

CEISTEAN

1. Minich an seanfhacal “**Is iomadh nì a chailleas fear na h-imrich**”, mar a tha an sgrìobhadair ga chleachdadh sa chiad pharagraf. 3
 2. Minich an ìomhaigh “**Bha sradagan beaga air teintean mòra a bheothachadh**”. 3
 3. Ciamar a thug riaghaltas Magaidh Thatcher brosnachadh do chraoladh na Gàidhlig? 3
 4. Tagh a-mach às an earrainn dà abairt a tha sealltainn gu bheil an sgrìobhadair den bheachd gu robh an riaghaltas Làborach nas fheàrr air bruidhinn na air gnìomh. 2
 5. (a) Dè an dòigh anns nach robh a’ cho-fharpais eadar na buidhnean telebhisein cho fallain is a dh’fhaodadh i bhith? 3
 - (b) Dè tha am facal “**boglach**” ag innse dhuinn mu bheachd an sgrìobhadair air poilitigs? 1
- (15)

[Tionndaidh an duilleag

Roinn (ii): Sgrùdadh

Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

Earrann 2—Bàrdachd

Leugh a' bhàrdachd seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.

Do mo mhàthair

Bha thus' a' sgoltadh sgadain
ann a Yarmouth* fad air falbh
's a' ghrian shailt sa mhadainn
ag èirigh às a' chuan
's an fhuil air oir do sgine
's an salainn ud cho garbh
's gun thachd e thu o bhruidhinn
's gu robh do bhilean searbh.

Bha mis' an Obar-Dheathain
a' deoghal cùrsan ùr,
mo Ghàidhlig ann an leabhar
's mo Laideann aig an stiùir,
nam shuidh' an siud air cathair
's mo chofaidh ri mo thaobh
is duilleagan a' crathadh
siùil na sgoilearachd 's mo thùir.

Tha cionta ga mo lèireadh
mar a dh'èirich 's mar a tha.
Cha bu chaomh leam a bhith 'g èirigh
ann an doilleireachd an là,
bhith a' sgoltadh 's a bhith reubadh
iasg na maidne air an tràigh
's am muir borb ud a bhith beucadh
sìos mo mhiotagan gun tàmh.

Dàn le Iain Mac a' Ghobhainn (air a ghiorrachadh)

* Yarmouth: baile ann an Sasainn far am biodh boireannaich às Na h-Eileanan a' dol gu obair an sgadain anns na seann làithean.

CEISTEAN

1. Tagh trì ìomhaighean às na loidhnichean a leanas agus innis dè tha iad a' ràdh mun t-seòrsa beatha a bha aig màthair a' bhàird.
**“a' ghrian shailt sa mhadainn
ag èirigh às a' chuan
's an fhuil air oir do sgine
's an salainn ud cho garbh.”** 3
 2. Dè a' bhuaidh a bha aig an dòigh-beatha seo air a màthair, a rèir a' bhàird? 2
 3. (a) Dè a bha esan a' dèanamh aig an àm seo, agus càite? 2
(b) Tagh trì ìomhaighean às an dara rann a tha a' sealltainn gun robh beatha a' bhàird gu math eadar-dhealaichte o bheatha a màthar. 3
 4. Tagh dà rud a tha am bàrd ag ainmeachadh san rann mu dheireadh nach còrdadh ris-san mu obair a màthar. 2
 5. Ciamar a tha am bàrd a' faireachdainn mun t-suidheachadh, agus carson? 3
- (15)**

[Tionndaidh an duilleag

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

1. Sgeulachd ghoirid

Tagh sgeulachd ghoirid a tha a' dèiligeadh ris a' cheangal eadar dà character (no còrr). Dèan sgrùdadh mionaideach air an sgeulachd, a' mìneachadh mar a tha an sgrìobhadair a' toirt a' cheangail eadar na caractaran beò dhuinn agus gu h-àraidh mar a tha e/i a' sealltainn ciamar, agus carson, a tha an ceangal ag atharrachadh tron sgeulachd.

(50)**2. Sgeulachd ghoirid**

Ann an cuid de sgeulachdan goirid tha an sgrìobhaiche ag amas air eagal no truas no gàire a thoirt air an leughadair. Tagh aon sgeulachd den t-seòrsa seo agus mìnich na h-innleachdan a chleachd an sgrìobhadair gus a' bhuidhe seo a thoirt oirnn, ag innse dè cho soirbheachail is a bha e/i, na do bheachd-sa.

(50)**3. Bàrdachd**

Tagh dà bhàrd a tha math air beachd no faireachdainn làidir a chur an cèill. Mìnich mar a tha iad a' dèanamh seo, a' taghadh aon dàn o gach bàrd is a' sealltainn nan dòighean sa bheil iad coltach agus ao-coltach ri chèile.

(50)**4. Bàrdachd**

Tha bàird glè thric a' cleachdadh ìomhaighean airson an smuaintean a chur an cèill. Tagh pìos bàrdachd anns a bheil ìomhaighean air an cleachdadh gu soirbheachail, na do bheachd, agus mìnich mar a chuir am bàrd an sàs iad agus a' bhuidhe a tha aca.

(50)**5. Nobhail**

A' taghadh nobhail a chòrd riut, innis mu aon tachartas a tha ag innse dhuinn tòrr mu aon (no barrachd) de na prìomh caractaran anns an nobhail. Mìnich carson a tha an tachartas seo cho cudromach, na do bheachd-sa.

(50)**6. Dealbh-chluich**

“Chan eil càil coltach ri dràma airson suidheachadh a thoirt beò dhuinn.” Tagh aon dealbh-chluich a leugh no chunnaic thu (air stèids no air an telebhisean) agus, le sgrùdadh mionaideach a dhèanamh oirre, seall carson a tha thu ag aontachadh ris a' bheachd seo.

(50)

Eadar-theangaich an earrann a leanas.

The first woman to take part as a registered competitor in the Boston Marathon, then a men-only event, was Kathrine Switzer, who entered incognito in 1967.

When the race manager spotted her, he tried to rip her racing number off, which would disqualify her. However, her boyfriend barged him aside and she went on to finish the race. When journalists asked if she was a crusader for women she replied, "I just wanted to run." However, the race marked a big step forward for women's sport.

(20)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ACKNOWLEDGEMENTS

Earrann 1 – Rosg – Extract is adapted from “*Steall à lomadh Lòn*” by Seonaidh Ailig Mac A’Phearsain. ISBN 9781900901695. Published by Clàr. Reproduced by kind permission of Clàr.

Earrann 2 – Bàrdachd – Poem, “*Do mo mhàthair*” by Iain Crichton Smith is reproduced by kind permission of Donalda Henderson.